

# Tuath

Is treasa tuath na tighearna

Àireamh 3, Earrach 2019



Photo: Rachel Schmidt

**Sgrìobhadh ùr le Meg Bateman, Aonghas Pàdraig  
Caimbeul, Maoilios Caimbeul, Dàibhidh Eyre, Màrtainn  
Mac an t-Saoir, Fearghas MacFhionnlaidh, Aonghas  
MacNeacail, Greg MacThòmais, Deborah Moffatt,  
Maggie Rabatski agus Julian Ronay**

## To my mother in old age

(August 2018, Connemara)

MEG BATEMAN

It's a premonition of a time without you  
to be standing on the shore of Connemara  
looking at the Burren in County Clare  
whose grey hills hold a memory of you  
crouching down in the sunny grass  
enthralled by the bright flowers of the grikes.

The stones on the beach are like white eggs,  
the pale sand shifts with the tide ...  
I laugh out loud at a perching rock.  
There's still time, it seems to say,  
despite Moher's plunging cliffs  
despite the islands floating off to the west.

Laden brambles grab at my legs  
in some bitter-sweet sign  
as I cross the fields up from the sea  
on a rough path through browning ferns.  
I struggle to find a breach in the winding dikes  
back to the road where the cars roar by.

## Do mo mháthair ina seanaois

Is tuar na heasnamhachta atá le teacht  
a bheith i mo sheasamh ar chladach Chonamara  
ag féachaint uaim ar an mBoireann  
agus cuimhne ag a cnoic liatha ort  
agus tú ar do ghogaide ar an bhfear grianmhar  
faoi dhraíocht ag bláthanna líoga na ngríog.

Is cosúil le huibheacha na clocha ar an trá,  
bogann an gaineamh leis an taoide ...  
Baineann carraig luascach gáire asam  
mar a bheadh sí ag rá, Níl an t-am caite fós,  
in ainneoin géire Aillte an Mhothair,  
in ainneoin na n-oileán ar snámh siar.  
Beireann na driseoga greim sméarach ar mo chosa  
ina gcomhartha atá idir shearbh is mhilis  
mar a thrasnaím na páirceanna thusas ón bhfarraige  
ar chosán garbh trí raithneach dhonn.  
Streachlaím le bealach a fháil trí na cláiocha casta  
go dtí an bóthar le carranna ag sciúrdadh thart.

## Na Pharasach

AONGHAS PÀDRAIG CAIMBEUL

Rannsaich agus faic,  
thuirt iad;  
oir à Galilee  
cha d'èirich faidh

agus e an sin  
air am beulaibh,  
grian na Càisg'  
a' dannsa.

Agus dh'imich  
gach aon da thaigh fhèin,  
far an robh *Love Island*  
air an telebhisean.

## Teanann a-nall 's thoir dhomh do lámh

AONGHAS PÀDRAIG CAIMBEUL

Nuair a chì thu bodach,  
cuimhnich gu bheil e fhathast  
deich bliadhna dh'aois  
agus a' seòladh bàta-seileastair  
sios an abhainn gu Afraga.

Agus nuair a chì thu cailleach,  
seall oirre leum tarsainn an ròpa  
le firum-faram hò-rò-gheallaidh  
's i (fhathast)  
a' buain na rainich taobh Loch Èite.

Tha mi air bus  
nan seann daoine  
a' déanamh air Uibhist  
chùbhraidh ùr nan gailleann,  
far a bheil (fhathast) am feasgar ciùin 's na siantan blàth...

## Gràs nan Dathan

MAOILIOS CAIMBEUL

Nuair a rinn an Tì Naomh gràs  
iongantach nan dathan, gealltanais  
an earraich, na craoibhe, na bogha-froise,  
faodaidh tu a bhith cinnteach, cinnteach  
nach tāinig e à inntinn mhic an duine  
no à mèinnearan dall, bodhar  
na tràighe 's nan creag.

Nuair a spreadh an cruthachadh na dhiog  
bha inntinn an duine is dathan mar ghealladh  
do dh'äm ri teachd, fada, fada  
san tìm dhomhainn a bha ri thighinn.  
Dh'fheumadh gach nì bhith direach  
ceart aig an toiseach ud, a h-uile feart  
air a thomhas gu leud na sròine  
agus nas lugha. Cha thachradh sin  
ach le inntinn agus cumhachd air a chùlaibh  
a tha cho fada os cionn ar bith  
's a tha na reul-chriosan cian cho fada  
os cionn an ataim as lugha a tha sa chrèadh.  
Èist riùm Athair Naoimh, Athair  
nan uile dhat, is soillsich orm  
led inntinn thùsail, gur tusa  
màthair-uisge nan uile bhith.

Nuair a dhùisg mothachadh gu ciall  
aig na tràth athraichean is mhàthraichean  
chunnaic iad am feur gun robh e maiseach,  
caoin, a' ghrian a' soillseadh air gu rèidh  
air gach taobh, gun robh anns an uaine  
sàbhailteachd is sìth, 's ann an craobhan  
na coille gun robh na h-eòin a' seinn,  
gathan buidhe, aitealan òir.

Agus chunnaic iad dearg, gun do rinn  
an Tì Naomh dearg, àm èirigh na grèine  
's aig a dol fodha, ròsan nan speur,  
's an fhuil nuair a lot an saighead,  
's anns an teine nuair a loisg an cunnart,  
's anns an aiseid nuair a dhùisg a' bheatha,  
's anns an duilleach nuair a shiolas beatha  
chunnaic iad dearg, 's chuir e eagal orra.

Ach bha sìth sa bhogha-frois, bogha  
os an cionn a' toirt cofhurtachd, Spèis  
a' tighinn às na speuran, thuirt iad,  
na dathan uile a' deàrrsad, dearg,  
orains, buidhe, uaine, gorm,  
purpaidh is bàn-phurpaidh an co-sheirm,  
ceòl dathan an fhlaithis a' déanamh  
gàirdeachas ri frasan ùrar a bheir fas.

2.

Ach cuideachd bidh am bogha-frois na thàmh,  
Am feur searzte, na beathaichean seasg,  
An diabhlaidh ag adhbharachadh tart is pràmh.

A Dhè thoir dhuinn an sealladh sìorraidh,  
Teasraig sinn bhon stoirm 's bhon tuil.

## Cloc gun Chli

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Thìm.  
Thus' an trustar,  
Thus' an diog-diabhal.

Thusa dròbhair,  
nan cabhag-dhàn  
nan garbh-ghràdhach  
nam bloigh-shealladh  
nan deann-dicheallach-dèirceach,  
ar crìche,  
ar sàr-crìche cianda craicte.

Thìm, o a Thìm!

Uair, is chan fhad', ach o chianaibh  
chailleadh sùrdag, latha samhraidh,  
thu  
no coibhneas obann nàmhad  
no plaide dòchais san anmoch.

Cha b' uabhasach idir,  
B' fhurasta do chur am màileid  
B' ait gach braoisgeil nuadh thar faire

Thusa, a Thìm  
Thus' am blaigeard,  
Thu fhèin an garbh-dhiog  
Thu fhèin an cròn-dhàn, thu fhè...

Sannt, bu leatsa, air an-earar, fós.  
Leat, sealbh am-feast air an dearg-dhiugh.

## Aig ochd bliadh'n' deug

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Aig ochd bliadh'n' deug

'S e an-diugh is chan e a-màireach no an-dè do chùis.

Aig ochd bliadh'n' deug

Fanaidh cuid de rionnagan laiste air feadh an latha

Tha blàths ùr anns gach gealach mu seach.

Aig ochd bliadh'n' deug

Na can 'cha dèan mi sin a-chaoidh'

Ach freagair: 'Seadh, innis dhomh tuilleadh.'

Aig ochd bliadh'n' deug

Na cogair do shunnd

Nuar a ghabhas sin seinn.

Aig ochd bliadh'n' deug

Seòl do bhàta le sgòdan glice slaodte

Ach le dùil ri soirbheas ceart cothromach

Agus aig *cocktail-party* ochd bliadh'n' deug:

Ged a nochdas *jazz* no-chòrdte is *hip-hop* aig an aon àm; strainnsear  
le ukeleli is pac chairtean le feadhainn ga dhìth; an nàbadh shios an rathad, ris nach  
do bhruidhinn thu riamh, an tòir air rud a chàraicheas a bhaidsagal; taibhs' bàrd  
cliùiteach na Gàidhlig is an dàn aige nach do thuig thu ceart; bruidhinn bhochd; brot  
ro shailte agus an tè ud (tha fhios agad cò) a bha daonna caran fad' às leat.

'S i an aon cheist a dh'fheumar a chur orra uile:  
bheil sibh ga h-iarraidh crathte (*shaken?*) no air a cur mun cuairt (*stirred?*)

## At Eighteen

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

At eighteen:

it is today rather than tomorrow or yesterday that matters.

At eighteen:

some of the stars show their light in the day time  
there is new warmth in each successive moon.

At eighteen:

Don't say 'I'll never do that!'

Rather, answer, 'Mmm, tell me a little more.'

At eighteen:

don't whisper your glee when it can be sung.

At eighteen:

Sail your boat with deftly trimmed sheets

But with the expectation of a fair, favourable, wind.

And at eighteen's cocktail-party

Should discordant jazz and hip-hop appear at the same time;  
a random with a ukulele and an incomplete pack of cards;  
your neighbour down the road - whom you've never spoken to - in search of a  
puncture-repair kit;  
the ghost of a Gaelic Bàrd bearing the poem you never quite got; poor chat; over-  
salty soup and her (you know who I mean) that was always a bit distant.

The only question that needs to be asked of them all is this:

'How would you like it: shaken or stirred?'

## Nollaig san Eighealaich

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Null

mu thrì uairean

air gainmhich

nach gabh, nach gèill

suathaidh solas lag;

grian is gealach,

air an cur air chothrom.

Cò aca, ma-thà, leis is leis am biùg?

An gabh coiseachd fodha?

Agus an rud as mothà nach fhaicear,

o nach aiteamh conair,

mun neartaich an liath, a-nochd tuilleadh,

san lomnochd làn?

Tha a' bhò chonadail ud fhathast a' siubhal a criomain  
agus cus a chaoraich nach do chronaich iad fhèin far nan càs-chreagan.

Ach 's e sgàil cruaidh nan con as miosa, "S e, 's e, nach eil fhios gur e!"

Ged as fhad' às tùs am bòlaich - cha chiùin, cha charthanach, cha cheart.

Air a ghlùinean,

thèid leth-bhodach

air beulaibh bogsa nach bior fearg no faothachadh

fhad 's a bheir a bhean bhalbhait' cluas do shrann anmoch

an ogha bhig.

"Is macan àlainn ceutach, Thu!"

Is dè as reusan dhi dhol ga dhùsgadh,  
gun iad sin roimhe a-rithist, an-diugh?

Rùn, a thoirt beò

is a bheathachadh

is a thabhadh gu fialaidh

air fuath an t-saoghail,

do-ruigsinn, claoen.

An aimsir cho buan.

A chall-san cho cinnteach.

A h-ùrnaigh na deigh mu a cridh'.

## Gun idir a shireadh

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Àite, can

ged nach dèan 'àite', no 'staid', no 'creag chas' ach na h-uimhir aithris.

Nach eil thus' ann, chan eil teagamh,  
thusa - thu fhèin, chan ann leat fhèin - ro fhada.

Oir, nochdaidh feareigin, ri ùine bhig - tiota de thim shaoghalta,  
Beiridh e - (cha bheir) - togaidh e, gu sìobhalta, do làmh na làimh-san  
Sioda a shìneas tusa, dhad dheòin, cuimhnich, dha fhèin, ged nach fhada.

'Bu ro-bhog an grèim-geallaidh' thuirt thu.  
Cha bu mhò lean trusgan an fhìnealais.

An iar air? Thug, feumaidh.

Ghabh thusa rathad an ear.

Chìthean ur faileasan ge-tà;  
air ais a-sin - nan laighe: ball-fo-alt-fo-bhall  
a' sior chànan - cion ciùineis, dith uaisleachd  
gun aidich iad, ri ùine mhòir fhathast, le cràdh do-labhairt,  
gur e an dubhar fhèin an aon fhìor chipean -  
ach cho beag, 's a tha ris dheth,  
os cionn na talmhainn.

## Claisneachd Ri Cluas

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Ri spàrn gun farchluais air a' chòmhraadh cailleachan is iad cruinn, mum bòrd-san! 'n dèidh bhith snàmh, is làn am beòil ac' de naidheachd iargalt' air càirdean leònte:

a thuit air deigh no leis an staidhridh, no bhàsaich mun Bhliadh'n Ùir gun taic ann, 's nach robh math gu dannsa ruidhle latha a b' fheàrr 'ad, no idir fialaidh nan gniomhannan, nan smaoítean spiocach, no air dèiligeadh ri caochladh tìme, is mur a b' e's gun deach an cùmhnaidh le diomaineachd an cèile ghaolaich 's fhad' o bha iad air saoghal a thrèigsinn - aghaidh a chur air uabhar èige, is nach b' airidh air aon bhliadhna shàbhailt' dhe na choisinn iad gun ghean, gun tàmait Dia nan Gràsan ('n Tì tha gorach!'), iad-siud sior-mhiannachadh a thròcar is...

Theab mi leum 's an clab a mhùchadh, bròg a shradadh, no le glaodh om bhrù-sa, ach dh'iarr mo dhàn mi dhèanamh èisteachd: briathran fhaotainn - gun fhios nach m' fheum iad.

## Òran Eile do Joilìn\*

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Oh 's e do bhòidhchead is do shnuadh dualan lasrach is gruag ruadh a bhuaир mi is a leòn mo chridh' Joilìn.

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Anail earraich na do ghàir guth cho maoth ri samhradh blàth: tälantan fior ainneamh measg nam beò.

Nuair bha mi ann am meadhan gaoil lem òg-bhean chaoimh is sinn mar aon 's ann thàini' tusa eadrainn Joilìn

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Is ged gheibheadh tu do ragha-cèil' thug thu a' chreids' gur leam do spèis is mheall thu mi le sùilean uain' làn foill.

Is chaidh mo ribeadh fo do chumhachd mar luch aig spuir an fhithich luath is theann mi ri mo chiall a chall Joilìn.

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Ge b' oil leam thug thu orm buaidh 's ann ort a bhruidhninn na mo shuain, is dh'fhuiling i gach lid' air cluasaig-chinn.

Is ghuidh i ort na h-òran binn gun mis' a thàladh is leigeil leinn, ach dhiùlt thu bhith gun mhì-ghean dhuinn Joilìn.

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Is lean mi thu mar għloic gun tür a dh'ionnsaigh olc do bħriodail chiùin is cha do dhuisg mi, gus an deach mo chnàmh. Ach mħoħthaich mi lem shūilean fhìn an dèidh dhuinn greis air surgħe nach ionnan miann air feòil' is gaol, Joilìn.

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Is nuair rinn mi tilleadh gu mo għraddha cha b' urrainn dhi bhith a' cleith a cràidh: 's ann sheall i dhomhsa deòir a soraidh slàn

Is b' fheàrr leam nach do thachair riamh gun deach mo tharraing às ar sìth is gun d' chail mi na bha priseil dhomh, Joilìn.

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

Is nam faicinn thu a' gabhail ceum air cabhsair cruaidh no sràid leat fhèin chan iarrainns' bhith nad àrainn no nad chòir.

Ach uair is uair is mi seo leam fhìn air eilean m' fhàsaich fad od thir bidh d' iomhaigh ruith mo bhruadar, Joilìn!

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa, a luaidh, an tè  
nach toigh leam fhìn.*

*Joilìn, Joilìn, Joilìn, Joilìn,  
'S tusa an tè a luaidh  
nach toigh leam fhìn.*

\* A rèir beul-aithris cuiid is fathannan feedhainn eile 's ann às fear de dh'eileanan na h-Alba a bha an duine a dh' fhàg a leannan airson Joilìn. Some say that the guy who left his woman for Joleen was a Hebridean – others don't.

## Guth air a' Ghaoith

FEARGHAS MACFHIONNLAIKH

Mac-talla saighdeir òig fo fhòid Chùil Lodair:

*Abair na miltean  
de għeoidh ghlorach  
a sgèith thairis  
air na leonté  
an là reòite ud  
a fluair mi am bàs.*

## Cathair Naomh Pheadair

FEARGHAS MACFHIONNLAIKH

Cathair Pheadair na Ruise am bliadhna. Stèisean fo thalamh cho domhainn ri cumha.

Easgaileutair Sòibheadach neo-chrìochnach na shiør shruthadh mar dhuhb-liosta Stàlinn.

A' chlisge ruitheam threunairean de dheugair a' sniomh seachad air na dromannan croma

na ruith suas gu sunndach dhan t-solas air Nevskiy Prospekt eadar-nàiseanta

far a bheil Tolstoi is Soilsinìtsin air an dòigh nan suidhe còmhla ri càch ann am McDonalds

ag ithe diathaid deagh-shaillte “фиш & чипс”\* am bogadh ann am fion-geur Cirilise.

(\*Faclan Beurla “Fish & Chips” sgrìobhte ann an litrichean Rùisis. Air postair-uinneige Macdonalds)

## Port-adhair Ghlaschu

FEARGHAS MACFHIONNLAIKH

Nam shuidhe taobh thall an raoin-laighe.

Mo smaoíntean a' tadhal air saogħal eile.

A' gabhail miann air Reykjavík seach Lunnainn.

## Cladh Iùdhach Ghlaschu

FEARGHAS MACFHIONNLAIKH

“Ma thèid sionnach suas, brisidh e sìos am balla cloiche.” (Nehemiah 4:3)

Ciaradh feasgar Ghlaschu an Ear. Balla-cladha air an leathad thall. Fon graifiti, madadh-ruadh mar thaibhse. A cuileanan sgiamħail ri falach-feed am measg nan seann leacan fiara.

Dà là às dèidh a chèile, thàinig luchd-tuiridh Iùdhach air an èideadh gu dorch, ach cuideigin ann le còta dearg, mar shealladh à ‘Liosta Schindler’.

A h-uile clach sa bhalla ud le a sgeul briste fhèin. Na h-aonar sgapte 's air call, ach còmhla ri chèile nan seasamh, graffiti ann no sionnaich às.

## Lomaire-feòir

FEARGHAS MACFHIONNLAIGH

Chuala mi lomaire-feòir  
gu h-àrd anns an adhar  
a' gearradh tron ghuirmé.

Chunnaic mi air oidhche fhuair  
fras réòtthe uaine mar dheòir  
a' deàrrsadh fon ghealaich.

## Am Baton-brèige

(Às dèidh Reifinn 2014)

FEARGHAS MACFHIONNLAIGH

Cnuic Loch Nis fo shneachd' an-diugh.  
Cuirm-chiùil àm-lòin Radio 3.

Denis Kozhukhin air piào.  
Mussorgsky: 'Deilbh aig Taisbeanadh'.

Cha tainig e. Ar saorsa.  
Tha sinn air fas ceòl-bhodhar a-rithist.

Bha Geata Mòr Kiev an siud  
a' fosgladh fa ar comhair le glòir

ach chaidh slabhraidean ceilte  
a shlaodadh agus dhùin e le diosgan.

Saoil cò thug an àithne chealgach ud  
los eòin cheòlmhor na maidne a mhùchadh?

Cò an dearg-bhrùid a bhris meòir ar luchd-ciùil?  
Am fear-brath a bheartaich glas-ghuib air a' chòisir?

Cò leis an làmh shliòm a dh'iomair am baton-brèige,  
slacan-draoidh shiogach co-fheall na tostachd?

## Chuir mi mo cheann

FEARGHAS MACFHIONNLAIGH

Chuir mi mo cheann  
sa mheuraig  
ach bha i ro theann

Chuir mi mo cheann  
sa phìoba  
ach bha mac-talla ann

Chuir mi mo cheann  
sa fridse  
ach bha e fada ro fhuar

Chuir mi mo cheann  
sa phreasa  
ach bha cus chòtaichean ann

Chuir mi mo cheann  
sa challaid  
ach fhuair mi sgròb ghoirt

Chuir mi mo cheann  
sa muir ach bhìd  
crùbag chrost' mo shròn

Chuir mi mo cheann  
sa ghaigmheach  
ach rinn mi casadaich

Chuir mi mo cheann  
sa chidsin  
ach chaidh trod riùm

Chuir mi mo cheann  
sna sgothan  
'bha mi air mo dhòigh għlan.

## Air Ais

FEARGHAS MACFHIONNLAIGH

A' sior għabhal ceum  
air ais air ais air ais  
ach am faic mi an sealladh slàn.

Air ais dhan  
t-siorraidheachd  
mas robh mi ann.

Carson is cuimhne leam a-nis  
an t-àm ri teachd  
nas mò na an t-àm a chaidh?

## Eunlaith

FEARGHAS MACFHIONNLAIGH

Għoid starrag  
marag.

Rinn lachan  
lachan-gāire.

Bha geòidh  
air an dòigh.

Plaosg gāire  
air naosg.

B' annsa le buthaid  
dannsa.

Cheil breacan-beithe  
fo mheacan-slèibhe.

Chaidh lon-dubh  
fo lionn-dubh.

Bha fraoch feirge  
air coileach-fraoch.

Bha corra chorra  
air corra-biod.

Chaoin traoin  
gu gearradh-goirt.

Chriom clamhan coma  
cnàmhlan sgapte.

B' fheàrr leis an iolair  
biolair.

Bha an eala bhàin  
loma-làn.  
Laigh sàmhchair bħalbh  
air an sgarbh mħarbh.

## air an latha seo

AONGHAS MACNEACAIL

air an latha seo,  
faċċin għażiex morair is triath  
(aig ire nan earrann is bonn  
a bhi teann 's a phòcaid) 's iad  
a' snàmh ann an linntean suilt  
is, fom brġġan, dromanan  
lùbta a chorr na cabhsair beò  
air an deachadh iad a' spailpeadh  
an uaill ann an ceumannan coma,  
thar sgeoil fhada nam muinntir  
a chuir iomradh, dàn is òran  
an eachdraidh fhèin ma sgaol  
le dòchas gun geallar saorsa -  
*chan iarr sinn ach ionann, ars'*  
iad, *edar bòrd agus beul*, is  
gun coisich sinn far an togair,  
leis an dùil gu bheil biathadh,  
chuip agus eanchainn, gu bhith  
ceart còireil direach, gun mhaille  
romħainn 's gun iorghail - their  
dhuinn an ionann, their dhuinn  
an ionann le toil, mus gabh sinn  
an ionann dhuinn flìn, le toil

## on this day

on this day,  
seeing every laird and clan chief  
(at the level of shares and coins  
being tight in the pocket) as they  
swim in the firths of paunch  
and, under their shoes the bent  
backs of the others a living pavement  
on which they would strut  
their pride in regardless steps,  
over the long stories of peoples  
who set the narrative, poem and song,  
of their own history at liberty  
with the hope that freedom is promised -  
*all we ask is equality*, they  
say, *between table and mouth*, and  
that we can walk where we choose,  
expecting there to be food  
for body and mind, to be  
right proper direct, with no delay  
before us and no strife - give  
us equality, give us  
equality at will, lest we take  
equality for ourselves, at will

## plastic time

AONGHAS MACNEACAIL

living in the plastic time  
you learn to view  
    what's around you  
as a synthesis of all  
the wrappings which  
have bound each day  
into a package  
    of frustrations  
from which  
        there might  
be no release

=====

on a train  
passing the coal pit  
    mechanicals,  
i recall an escorted visit,  
the caged drop  
        into  
those  
unlit bowels,  
dark dust underfoot,  
being taken to view  
an active face  
(it being saturday, no-  
one was hacking coal) -  
    to be required  
to crouch was not  
a working choice  
    i'd wish to make

i wish i'd agreed  
a bright summer plan to be  
writing ha-i-ku

=====

a slum is not the house  
or those who live within,  
but absent wallets, drawing  
coin and comfort  
from plough, hammer, pen, or  
pulsing hungry heart

=====

to go fishing  
in the bay beyond  
where we had hoped to shelter  
from an enemy we'd rather  
keep at tidal distance demands  
overcoming certain contradictions  
so we must come to recognise suing  
for peace may be the wisest option

there should not be any  
edge of madness to the table  
round which we are asked  
to gather so that deliberations

may commence regarding  
whether there is enough  
attention being given to  
the management of this -

unspoken arguments do  
not enhance (ever) the flow  
of what we hope to be  
enabling thought

=====

i want your curiosity,  
though accepting it is not  
for sale or to be bargained  
into any kind of game  
where you are asked to buy  
whatever is on offer -  
you enquire (or cross  
an ocean to inquire),  
the question never fully  
given enough grammar  
to make clear

=====

where poppies grow  
they take no sides,  
the memories they wear  
are in their hue  
and what it represents  
is such shed blood  
that carried vows  
to not repeat  
to not repeat

=====

shipwreck may provide  
rich shelter  
for the weaving  
shoals and soloists  
seeking provender  
among its twisted decks  
but the passing swimmer  
knows, below, there will be  
bare rickles of bones

=====

man pushing tractor tyre  
from where to where - in  
passing, one may speculate

what is remembered is  
the way he keeps it  
balanced, as he goes

there being traffic,  
he must be  
attentive at all times

nor can he tire of  
pushing this great tyre -  
an end is to be gained

=====

when the wind decides  
to breathe in, let calm  
return, there is an urge  
to listen for an absence  
of disquiet among drier  
leaves: are all branches  
holding firmly to a hope  
they can remain at ease,  
unstretched, allowed to  
stay alive, until they fall

=====

gull glides overhead, as  
directly above, beyond  
grey cloud, plane growls

=====

every singer reaches out to  
those (it's hoped) will understand  
the tenor of the song, will let  
its pith fold in their hearts  
and grow, as buds of grief or joy

=====

that time i phoned you  
said you could not be  
available to perform  
the chore i wished to  
have deployed, though  
it was no burden, had  
you taken time to read  
the abstract i'd every  
hope was the essence  
of metaphoric clarity

=====

such structured echoes  
live in how we count  
each lifting of the pen  
by which our narrative  
is given fugitive shape

## on the road

AONGHAS MACNEACAIL

on the road we took yesterday  
there was no ditch between track  
and the broad fields of grass  
where the township's cattle  
grazed - there were cows, but  
we didn't know each other, for  
i was only visiting those  
shadows that uttered not one  
word about the days we had had  
and no familiar bellow came  
from cold stone - wasn't that how

## this gun

AONGHAS MACNEACAIL

you are, inevitably, in my sights  
though my gun fires not lead but words,  
each sentence parsed to allow love  
to resonate beyond the page  
for life to garner energies  
that may enfold us in their hearts

such syllables to echo through  
our days, their living music to  
sustain our yearning that we can  
make ready for the kissing war  
in which we learn (or hope to  
gather) all the means whereby

we arm ourselves (against the cold  
that eats the soul) with winning songs  
in which we hope that all who see  
might yield to how persuasively we aim  
our thoughts at any wall of dark anxieties  
with potencies conceived in sweet accord

## an ròs beag bànn

AONGHAS MACNEACAIL

cha b' ann leamsa ròs an t-saoghal mhòir.  
chan iarrainn dhomh fhìn  
ach ròs beag bànn na h-albainn  
a tha cùbhraidh geur –  
  's a bristeadh chridhe

*bhon dàn aig ùisdean macdhiamaid*

## Rèite

DEBORAH MOFFATT

Bidh na mairbh a' bruidhinn san oidhche  
's mi gan cluinntinn – thu, mo rùin,  
a' tadhail air mo mhàthair,

cofaidh 's toitean sa chidsin, còmhradh beòthail,  
mu phoilitigs agus litreachas agus ceòl,  
Marx agus Shakespeare agus Bach,

i furanach, fialaidh, thu dàna, cinnteach;  
seòrsa rèite, bhiodh e, ach air beag stà,  
i marbh fad bhliadhnaichean air ais,

thu fada bhuam ann an eilean do-ruiginn,  
mise do-flurtachd nam leabaidh luim,  
ag èisteachd ri gliocas nam marbh.

## Air Tòir a' Chuilithinn

MAGGIE RABATSKI

*An t-Eilean Sgitheanach! thuirt thu,  
cha tèid mo chas!  
ghabh mi 'n t-slidge sia tursan  
is na chunnaic mi den Chuilitheann  
taibhsean glas' fo cheò.*

Ach ri aimsir àlainn an Glaschu  
lùb thu rim thagrach,  
is chùm a' ghrian rinn  
gu ruige Chinn Tàile.  
An sin ghrumaich na speuran,  
thoisich smugraich, thàinig frasan,  
is gar feitheamh an Caol Acain  
bha dile bhàthte.

Sileadh cho cruidh  
's gun tug e gaisgeachd  
às na wipers,  
uisge nach do lasaich  
fad na trì làithean dorch'  
thug sinn ann.

Sheall mi dhut (san dol seachad)  
Dùn Sgàthach an Slèite.  
Thuirt thusa gur geal a thoill i  
cliù na bana-ghaisgich,  
a-mhàin airson seasamh  
ri aimsir sgràthail an Eilein.

Seadh. Turas eile gun shealladh  
air beann no air bealach ...

ach fuirich!  
an taigh-òsta Àird a' Bhàsaire  
bha na cruachan de lionn  
*Red Cuillin agus Black Cuillin ...*

is cha shuarach na chosg iad dhomh!

Ach air do shlàinte, flir chòir,  
mo bheannachd ort gu bràth,  
oir cha chuala mi às do bheul,  
cha chuala fiù 's aon uair  
— *Dè thuirt mi riut?*

## Smior

MAGGIE RABATSKI

An latha fhuair i am fios  
gun robh feum oirre aig an taigh  
chaidh a saoghal na mhìreanan,

na bliadhnachan mòra buidhe  
air muinntireas an Lunnaid  
aig teaghlaich bha modhail ri chèile,

an taigh àrd eireachdail  
bha na thaitneas a chumail an òrdugh,  
seòmar beag sitheil dhi fhèin  
far nach do thadhal eagal oirre riamh.

A-nist a màthair dol bhuaithe,  
claoidechte le na misgearan mhac,  
bha cho crosta 's cho ceannsalach  
's a bha 'n athair a-cheana.

Lean i treiseag ri na dòighean  
a thog i sa bhaile-mhòr,

blobhsa snog anns an fhionnairidh,  
broidse na lainnir ri h-amhaich.

Ach a dh'aindeoin cho cruidh 's a sgùir i  
cha tigeadh loinn air an fhàrdaich,  
bochdainn is gamhlas is briseadh-dùil  
air drùdhadh gu na cnàmhan dheth.

Is na ditheanan buidhe  
a chuir i mun doras  
mar thogail-inntinn dha màthair,  
air am pronnadh  
a-rithist is a-rithist  
fo bhòtannan daoraich.

A dh'aindeoin an dìchill  
cha d'fhuair nàbaidhean gearan aiste riamh,  
ged nach deach mòran seachad orra fhèin.  
Theireadh iad gun robh i bàidheil na dòighean,  
ach gun robh crudal air cùl  
sgàileadh na sùilean.

Is rinn iad 'brònag bhochd' a' bhaile  
de thè bu chòir a moladh  
mar ghaisgeach.

## Cha Tig An Aois...

MAGGIE RABATSKI

3.17m:  
Cat a' sgalartaich airson braista  
gam dhraghadh às an leabaidh,  
aois agus tinneas  
an dèidhs a' cur trulainn.

Thig an sgàthan orm gun fhiosta  
mas fhaigh mi buileach nam dhùisg —  
cailleach iargalt' air choreigin,  
gruag mar choc-feòir air dhroch-shadadh  
ri gèile;  
gùn-oidhche, dh'innse na firinn,  
a b' fheàrrde sgolag.

3.21m:  
Tha 'n cat air an dàrna soitheach  
*ocean-fresh salmon for senior cats*  
is tha mise ag òl cofaidh làidir  
às a' mhuga a bhoineas dha  
'Glamorous Granny'.

## Seòmar-feitheimh

JULIAN RONAY

Seo far an tainig mi  
                            a-steach  
cho fada air ais

Cha mhòr nach do dhiochuimhnich mi  
bha e doirbh  
an uiread a dh'fhuiling

tha cuimhneam a-nis  
ann am prioba na sùla  
mo chiad anail

agus an deireadh  
agus gach rud  
                            eadar....

## Ruith na searbhaige

DÀIBHIDH EYRE

Tha i annam, annainn uile, searbhag na broinn -  
a' tionndadh ar n-arain làitheil a bhith na lionnach làn  
phròtainean, is mèinnearan, na tha deatamach 'son a bhith slàn -  
a' faighinn cuideachaiddh bho na feithean, a' gluasad ann an tonn.  
Searbhag cho cumhachdach gun sgùradh e stàllinn, donn  
le meirg, gus a bhiodh i a-rithist, drilseach, gleansach, glan;  
cho cumhachdach gum feum a' bhodhaig a cumail a-mhàin  
san stamaig, gus na buill eile a dhòn bho losgadh teann.

Ach gu tric, dhomhsa, chan ann mar sin a bhios cùisean a' ruith,  
is searbhag ag èirigh nam sgòrnán, nam amhaich, nam bheul;  
a' grodadh m' fhiacan, a' tighinn thar na teangaidh anns mo chlab,  
a' tighinn thar mo bhilean agus gam fhàgail ann an cnap  
mòr, is mi a' diobhairt - mar gu bheil mi a' call mo chiall;  
a' cur às le pian searbh na rudan bunaiteach nam bhroinn.

## Na Geòidh

(bhon Bheurla aig Mary Oliver)

GREG MACTHÒMAIS

Cha ruig thu a leas a bhith math  
Cha ruig thu a leas màgarsaich nas mothà,  
fad ceud mile tron fhàsach, aithreach.  
Chan fheum thu ach leigeil le beathach bog na bodhaige  
a ghràdh fheìn a ghràdhachadh.  
Nach innis thu dhomh mun eu-dòchas,  
do sgeul fhèin, is innsidh mise mo sgeul-sa,  
fhad 's a chuireas a' chruinne car,  
fhad 's a shiùbhlas grian is dòrnagan glan an fhrois thar àrainnean,  
thar mhachraichean, thar chraobhan domhain,  
thar bheanntan is aibhnichean,  
fhad 's a thilleas na geòidh,  
shuas san iarmait ghlan, ghorm dhachaigh a-rithist.  
Às bith cò thu, às bith cho aonaranach 's a tha thu,  
tha an saoghal ga thairgsinn fhèin do do mhac-meanmna,  
gad ghairm mar na geòidh, cruaidh agus dùsgach  
- gad fhoillseachadh a-rithist is a-rithist,  
is tu ann an co-chomann leis a h-uile nì.

## Stiùbhart ann an Nua-Eabhrac

FEARGHAS MACFHIONNLAIHG

Chòrd Nua-Eabhrac ris glan.  
Naoidheamh lär Taigh-òsta Shelburne.  
Sàr-shealladh dhen Togalach Stàit Ìmpireachd.

Ach dhùisg seo gu dona an tuaineil-àirde aige.  
Bha an taigh-òsta trang, ach air a' cheann thall fhuair e  
rùm le sealladh nas miosa shòis air an dàrna ùrlar.

Tha duilgheadas aige fiù 's le drochaidean àrda.  
Agus thàinig iad tarsainn tè àrd dha-rìribh air an t-slige -  
Drochaid Queensboro.

"Carson a tha feagal ort ro dhrochaidean  
nuair nach eil dragh ort a thaobh itealain?", dh'fhaighnich mi.  
"Och tha sgiathan orrasan", thuirt e.

Mar a b' fhaing' a thàinig crìoch a làithean-saora,  
is ann a bu mhò a ghabh e sgàth. Oir b' ann taobh thall  
Drochaid Queensboro a bha port-adhair JFK.

Thòisich e ag òl mus do dh'fhalbh e.  
Ann am bàr traidsanta faisg air an taigh-òsta.  
Pinnt lagar. Is beag feum a rinn seo, gu nàdarra.

Mhìnich e a' chùis gu nighinn a' bhàir.  
"Feumaidh mi dol tarsainn Drochaid Queensboro  
air an rathad dhan phort-adhair. Tha iomagain mhòr orm."

Lagar eile. Cha do rinn seo cobhair na bu mhò.  
Glainne fion. Glainne fion eile.  
Cha robh an stuth seo a' dèanamh a' ghnothaich.

"Carson nach do shluig thu tè mhòr no dhà  
de uisge-beatha?", dh'fhaighnich mi dheth.  
"Och cha toigh leam spioradan", fhreagair e.

Air a' cheann thall siod e a-nis air a' bhus  
air an t-slige iomagaineach dhan phort-adhair,  
an drochaid a' sior fhàs na b' eagalaiche na inntinn.

Drochaid àrd Queensboro a' sior dhlùthachadh ris.  
Drochaid ag èirigh na amharc a-nis. Cridhe ag èirigh na uchd.  
Ach gun dùil nach deach am bus a-steach tunail fon abhainn...

Tuaineil-àirde gu tunail-isle!

**Meg Bateman** Tha Meg Bateman, a rugadh an Dùn Èideann an 1959, na h-ollamh aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach. Tha i air trì leabhraichean den bhàrdachd aice fhèin a thoirt a-mach, agus tha i cuideachd air trì cruinneachaidhean de bhàrdachd Ghàidhlig edar-theangachadh is a cho-dheasachadh. Chaidh dà leabhar aice, *Atromachd* (1997) agus *Soirbeas* (2007) a chur air adhart do dhuais "leabhar Albannach na bliadhna".

**Aonghas Pàdraig Caimbeul** 'S ann bhon An Leth Mheadhanach an ceann a deas Uibhist a Deas a tha Aonghas Pàdraig Caimbeul. Tha e air grunn leabhraichean fhoillseachadh, nam measg 'An Oidhche Mus Do Sheòl Sinn', 'Aibisidh' agus 'Memory and Straw' a ghlèidh duaisean thaobh ficsean is bàrdachd na h-Alba.

**Maoilios Caimbeul** Bàrd agus sgrìobhaiche às an Eilean Sgitheanach. An leabhar mu dheireadh a thàinig bhuaite 's e *An Dà Anam / In Two Minds*, conaltradh bàrdail Gàidhlig / Gaeilge air a cho-

sgrìobhadh le Diarmuid Johnson.

**Dàibhidh Eyre** Rugadh Daibhidh Eyre ann an Siorrachd Lannraig a Tuath ann an 1972. Thòisich e ag ionnsachadh na Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann ann an 1990. Airson a' mhòr-chuid de bheatha, bha e a' fuireach ann an Glaschu, ag obair sna meadhanan - ach tha e a-nist san Leargaidh Ghallda. Tha dàin aige air nochdadh ann an irisean leithid *An Guth, Gutter, Irish Pages, Tuath / Northwords Now, Poetry Scotland* agus *Poblachd nam Bàrd*. Bha e na bhàrd air mihiunntires aig Fèis Bàrdachd StAnza ann an 2018.

**Màrtainn Mac an t-Saoir** Rugadh Màrtainn Mac an t-Saoir ann an 1965 agus thogadh ann an Lèanaidh e. Ghlèidh *Ath-Aithne*, cruinneachadh de sgeulachdan goirid, Duais na Saltire Society airson Ciad Leabhair ann an 2003. Choisinn na nobhailean *Gymnippers Diciadain* agus *An Latha As Fhaide* a bhith air a' gheàrr-liosta airson Leabhar na Bliadhna ann an 2005 is an 2008. San Dàmhair 2006, chaidh *Dannsam led Fhaileas*,

cruinneachadh de a bhàrdachd, fhoillseachadh le Luath Press. Nochd an treas nobhail aig Màrtainn, *Air A Thòin*, ann an 2011 is bhuannaich *A' Challaig Seo Challo* - nobhail do dheugairean - Duais Dhòmhnaill Meek 2013. Chaidh na sgeulachdan *Cala Bendita's a Bheannachdan* fhoillseachadh le Acair ann an 2014 is fhuair an leabhar sin àite air gèarr-liosta Dhuais Dhòmhnaill Meek agus Leabhar Litreachais na Bliadhna aig an Saltire Society. Chuireadh *Tuath Air A' Bhealach* - novella dhen t-sreach Lasag - ann an clò le Sandstone Press ann an 2015. Ann an Iuchar 2018 chaidh an nobhail ùr aige *Samhradh '78* fhoillseachadh le Luath Press.

**Fearghas MacPhionnlaihg** Tidsear elain air chluainidh ann an Inbhir Nis.

**Aonghas MacNeacail** Poet in three languages, songwriter, journalist, broadcaster, translator, scriptwriter. A Borders-based Skyeman, poetry has taken him to North America, Japan, Rome, Jerusalem, Berlin, Vienna, Warsaw, St Petersburg, the Arctic Circle,

Ireland and other destinations. Has held various literary fellowships, gaining many awards for his writing. Fellow of the Association for Scottish Literary Studies, with an honorary Doctorate of Literature from Glasgow University.

**Greg MacThòmais** Rugadh is thogadh Greg MacThòmais ann an Siorrachd Dhùn Breatainn. Chaidh e a Shlèite anns an Eilean Sgitheanach ann an 2000 airson ceum Gàidhlig a dhèanamh aig Sabhal Mòr Ostaig agus tha e air a bhith ag obair ann an Leabharlann na Colaiste agus a' fuireach san sgìre bhon a cheumnaich e. Bidh e a' sgrìobhadh bàrdachd, sgeulachdan, dràma agus òran. Bidh beatha is bòidhchean an Eilein Sgitheanach, saoghal a shinsearan, cùisean poilitigeach agus na ceanglaichean, sean is ùr, eadar Alba is Éirinn a' nochdadh gu tric na chuid sgrìobhaidh. Ghlèidh e Duais nan Sgrìobhadairéan Úra aig Comhairle nan Leabhrachair agus Urras Leabhrachair na h-Alba ann an 2015. Chaidh a chuid sgrìobhaidh fhoillseachadh ann an

New Writing Scotland, Northwords Now, Cabhsair/Causeway, agus Aiblins – New Scottish Political Poetry.

**Deborah Moffatt** À Vermont (USA), a fuireach ann am Fiobha a-nis. Bidh dà cho-chruinneachadh aice air fhoillseachadh ann an 2011, "Eating Thistles," (Smokestack Books), agus fear ann an Gàidhlig.

**Maggie Rabatski** Ag obair an-dràsta còmhla ri A.C. Clarke is Sheila Templeton air leabhran de bhàrdachd ùr Gàidhlig, Alba is Beurla, a' leantainn air ar co-obrachadh san leabhran 'Owersettin' (Tapsalteerie) a chaidh fhoillseachadh an 2016.

**Julian Ronay** A' fuireach anns an Aghaidh Mhòir. Dàin leis anns an duanaire *An Tuil*.